


# Cothrom don choimhearsnachd

1

Tha Lesley Riddoch, neach-naidheachd agus craoladair, na cathraiche air Buidheann Gnìomha eilean Ruma. Tha e na uallach air a' bhuidheann seo coimhearsnachd bheothail, nach bi an urra ri SNH a-mhàin, a chruthachadh. Tha Lesley a' toirt tuairisgeul air stèidheachadh na buidhinn gnìomha agus air an obair a ghabh iad os làimh.



1  
A' coimhead mu thuath bho Chille Mhoire a dh'ionnsaigh an Eilein Sgitheanaich. Dealbh le Laurie Caimbeul/SNH.

2  
Luchd-tadhail a' gabhail picnic taobh a-muigh an talla agus bùth na coimhearsnachd. Dealbh le Iain Mac a' Phearsain/SNH.

3  
Tha Ceann Locha, prìomh thuineachadh an eilein, aig bràigh Loch Screasoir. Dealbh le P&A MacDhòmhnaill/SNH.

## Bun-fhiosrachadh

Ann an 2004, leasaich SNH agus coimhearsnachd Ruma plana airson baile Cheann Locha, a bheireadh cùl-taic do leasachadh coimhearsnachd an eilein. An-uiridh, stèidhich a' choimhearsnachd Urras Coimhearsnachd Ruma agus thòisich i air plana a chur an gnìomh gus fearann agus taigheadas an eilein a ghluasad thairis don urras.

Aig an àm seo, tha a' mhòr-chuid de bhun-structair an eilein – taighean, a' chidhe, rathaidean, solar-uisge, solar-cumhachd is eile – fo chùram SNH. Le a bhith a' gluasad nan goireasan seo thairis, bidh cothrom aig SNH air a neart uile a chur ann an stiùireadh an tèarmainn, agus cùl-taic a thoirt do leasachadh coimhearsnachd neo-eisimeileach agus obair eaconomach neo-eisimeileach.

Chuir Micheal Ruiseal, Ministear airson na h-Àrainneachd, Buidheann Gnìomha air bonn anns an Dùbhlachd 2007 gus cùl-taic a thoirt don ghluasad-thairis seo. Tha am buidheann fo stiùireadh Lesley Riddoch, neach-naidheachd agus craoladair a bha roimhe na ball de dh'Urras Eige.

2



3



Tha Ruma air a bhith na Thèarmann Nàdair Nàiseanta (NNR) fad ceud bliadhna, le cuideam air an àrainneachd nàdarra seach àrainneachd mac an duine. Is beag an t-iongnadh seo a bhith ann oir, o chionn leth-cheud bliadhna nuair a thug an teaghlach Bullough an t-eilean thairis don Chomhairle Glèidhteachas Nàdair, cha robh mòran dhaoine mun cuairt.

Chaidh Ruma fhuadach gu h-iomlan ann an 1826 agus bha e na fhearann sealgaireachd gus an do ghabh luchd-glèidhteachais seilbh air ann an 1957. An-diugh, thathar den bheachd gu bheil àrainneachd an eilein fhathast cudromach aig ìre nàiseanta mar thoradh air sgrùdadh a chaidh a dhèanamh air treud fèidh an eilein thairis air 30 bliadhna, maille ri iolairan buidhe agus iolairan sùil-na-grèine, àrainn puill-mònach, agus grunn fhachach a tha a' neadachadh air creagan de ghaineamh-chlach air falbh bhon mhuir.

Tha Caisteal Cheann Locha fhathast tarraingeach do luchd-turais, le 6,000 neach a' tadhal air gach bliadhna. Tha An Cuiltheann Rumach mar lethbhreac nas lugha den choogha aige san Eilean Sgitheanach – chan eil beanntan ann an Ruma a tha barrachd is 3000 tròighean a dh'àirde ach tha gu leòr mhullach bideanach èireachdail ann, le cumaidhean drùidhteach eileanan eile na ceàrnaidh mun cuairt orra. Air latha math, tha coltas mòrail is gaisgeil aig Ruma. Air droch latha, tha e coltach gu bheil àireamhan uabhasach ann den mheanbh-chuilleig as guinich san Leth-chruinne-a-Tuath. Tha còig uiread de dh'uisge sa bhliadhna ann an Ruma 's a tha ann an Inbhir Narann, agus ann an 1845 rinn an geòlaiche Ùistean Mac a' Mhuilleir iomradh air an eilean mar “cumadh-tire gun dhaoine”.

Le àireamh-sluaigh de 31 a-mhàin nuair a chaidh mi ann nas tràithe am-bliadhna, bha e coltach nach robh mòran air atharrachadh, a-mach air miann poileataigeach a thaobh ath-bheothachadh sluaigh Ruma agus leasachadh plana gus an 'Eilean Beag' a thionndadh gu bhith na fhìor choimhearsnachd neo-eisimeileach seach baile-companaidh beag.

Ach cha ghlòir a dhearbhas ach gnìomh!

## Plana airson gluasad-thairis

Chaidh cùisean a chur air ghluasad aig deireadh 2007, mus robh mi fhìn an sàs, nuair a chaidh Micheal Ruiseal, a bha roimhe a' fuireach an Innse Gall, ainmeachadh mar Mhinistear airson na h-Àrainneachd ann an riaghaltas ùr Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba. Thàinig Micheal, a bha a' fuireach ann am Beinn a' Fhadhla aig aon àm, a thadhal air Ruma agus dh'aontaich e le SNH gun robh cruaidh fheum aig àrainneachd daonna an eilein air cùram.

“Chan eil e buannachdail dìreach a bhith a' dòrtadh barrachd airgid a-steach do Ruma mar a chaidh a dhèanamh san àm a dh'fhalbh,” thuir e.

Mar sin dheth, leasaich an Riaghaltas agus luchd-stiùiridh SNH plana gus sealbhachd agus stiùireadh chùisean làitheil a ghluasad thairis do choimhearsnachd an eilein, do chuangothan buntainneach, agus do Chomhairle na Gàidhealtachd. Bhiodh SNH saor an sin gus amas air stiùireadh an Tèarmainn Nàdair Nàiseanta. Agus a chionn

's gun robh a leithid de phlanaichean air an cur air bhog roimhe – agus air am bàthadh aig a' cheann thall – chaidh mo chur an dreuchd aig coinneamh anns an Dùbhlachd gus dèanamh cinnteach gum biodh adhartas susbainteach ann ro dheireadh 2008.

Mise? Carson? Chan eil mi cinnteach. Tha mi air a bhith an sàs ann am buidhnean coimhearsnachd, bho Asaint gu Afraca, airson na cuid as motha de mo bheatha mar inbheach. Mar urrasair ann an Eige rè nam bliadhnaichean fada cruaidh ud ron cheannachd shoirbheachail ann an 1997, bha mi gu mòr an sàs anns na bagairtean fuadaich, na h-atharrachaidhean ann an sealbhachd, na caran tuathail, na piantan fais, agus na buaidhean beaga a bha mar ullachadh airson an atharrachaidh a thàinig aig a' cheann thall. Agus an-uiridh, nuair a bha na h-Eigich a' gabhail tlachd san euchd as ùire, bha mise a' cur leabhar air bhog a bha a' dèiligeadh ris a h-uile sealladh air beatha nan eilean, còmhla ri eileanaich bhon a h-uile àite eadar Barraigh agus Rubha Robhanais.

Ach tha a h-uile eilean eadar-dhealaichte. Agus tha a h-uile gluasad thairis don choimhearsnachd eadar-dhealaichte cuideachd. Chaidh faisg air deich bliadhna seachad mus robh cumhachd-gluasaid, rùn aonaichte, airgead, agus sgilean riaghladh maoin ann an Eige. Chan eil e na dhleastanas aig coimhearsnachd Ruma airgead a lorg ach, an coimeas ris a nàbaidh a tha fo chùram na coimhearsnachd, feumaidh i fàs agus tighinn gu ìre ann an ùine glè ghoirid.

Agus seo far a bheil pàirt aig Buidheann Gnìomha Ruma. Le riochdairean bho SNH, Iomairt Loch Abair, Taigheadas Loch Abair, Comhairle na Gàidhealtachd, Urras Eige agus coimhearsnachd Ruma, tha sinn air a bhith a' feuchainn ri grunn dhuilgheadasan fhuasgladh fhad 's a bheillear ag eagrachadh na coimhearsnachd. Agus abair duilgheadasan!

Rè nam bliadhnaichean, tha na h-eileanaich air a dhol an eisimeil a' chuango ghlèidhteachais a thaobh dhreuchdan, dealain, uisge, taigheadais, còmh dhail agus teasachaidh. A-mach o chorra eisimpleir, chan eil taighean air a bhith rim faotainn le daoine nach eil ag obair airson SNH. Ma

bhios luchd-obrach a' fàgail an dreuchdan, bidh iad a' call an taighean maille ris an àite a bh' aca anns an eilean. Mar thoradh air seo, tha coimhearsnachd eileanach air leth annasach air a cruthachadh, far nach eil seann dhaoine no dàrna ghinealach a bhuineas don sgìre ann, agus far nach eil ach corra dhuine ag obair air a' cheann fhèin no le teaghlach anns a bheil deugairean. Tha duilgheadasan aig teaghlachaichean a tha a' fàs ann a bhith a' dèanamh tursan mara don àrd-sgoil ann am Malaig, agus mar as trice b' fheàrr leotha tilleadh do thir-mòr.

Nuair a chaidh Ruma na thèarmann nàdair ann an 1957, thuir Comhairle Glèidhteachas Nàdair: "Bithear a' cumail smachd teann air tadhal agus còmhnaidh a chum 's gum bi buaidh mac an duine cho beag 's a ghabhas, ach far a bheil i riatanach a thaobh rannsachaidh agus glèidhteachais."

Tha am poileasaidh ruigheachd sin air lagachadh. Ach, dìreach mar nach robhar a' brosnachadh a' mhòr-shluaigh gus tadhal air an 'eilean thoirmsigte', cha deach luchd-obrach SNH nas motha a bhrosnachadh gus tuineachadh no gus dachaigh mhaireannach a stèidheachadh ann an Ruma.

Leis nach robh dòigh ann air seilbh a ghabhail air fearann no air gnìomhachas a leudachadh, tha goireasan air a bhith gann. Gu chionn goirid, b' e a' choimhearsnachd a bha a' ruith na bùtha ionadail, agus seach gu bheil a' mhòr-chuid ag obair bho naoi gu còig uairean, bha sin a' ciallachadh nach robh a' bhùth fosgailte ach air an fheasgar - agus 's e briseadh-dùil a bh' ann do luchd-tadhail. Thairis air na bliadhnaichean tha leabaidh is breacaist air a bhith rim faotainn (agus tha Fèisean Ceòl Ruma air leth air a bhith ann), ach a-nis 's e an ostail mhiorbhaileach (agus glè thrang) aig Caisteal Cheann Locha an t-aon àite-fuirich a th' ann, a-mach air an làrach campachaidh a tha, a rèir coltais, làn meanbh-chuilleige as t-samhradh. Tha luchd-obrach le sgilean glèidhteachais a' cur ùine seachad a' glacadh ròpaichean nam bàtaichean solarachd agus a' càrachadh dhrèanaichean agus mhullachan-taighe. Tha an sgaradh seo a' cur uallach orra, a tha air a thromachadh le aonaranachd a' gheamhraidh agus gainnead bhàtaichean-aiseig.



## Geàrr-chunntas

Na laighe 25 cilemeatair far chosta Mhalaig, air taobh an iar na h-Alba, chaidh Ruma a shònrachadh mar dhàrna Thèarmann Nàdair Nàiseanta na h-Alba ann an 1957. Tha 31 daoine a' fuireach ann.

### Sùil air nàdar

- 10,684 heactair de bheanntan agus mòinteach air an cuirteachadh le creagan casa.
- 120,000 càraid fhachach a' neadachadh.
- 3 càraid iolairean buidhe.
- 2 chàraid iolairean sùil-na-grèine.
- Eadar 8 agus 15 càraid leargan caola.
- Còrr air millean chraobhan air an cur.
- Prìomh àite don dòbhran.
- 1,200 fèidh.
- Eadar 250 agus 300 gobhair fhiadhaich.
- 28 crodh Gàidhealach.
- 20 pònaidh Rumach (briod tearc)

### Air a bhogadh ann an eachdraidh

- 19 Làraichean Àrsaidh Clàraichte
- 7 Togalaichean Clàraichte
- Lios dealbhaichte eachdraidheil

### Caisteal Cheann Locha

- Air a thogail leis an fhear-gnìomhachais George Bullough aig deireadh nan 1890an
- An leth a-staigh Eideardach as grinne a th' air fhàgail anns an Rìoghachd Aonaichte

### Ciamar a gheibh sibh thuige?

- Bàta-aiseig aig Caledonian Mac a' Bhriuthainn bho Mhalaig
- Àite do bhàtaichean-siùil aig an dà chidhe is an slipway as sine
- Tursan fiadh-bheatha bho Àrasaig

### Àiteachan fuirich

- Ostail le 55 leapannan ann an Caisteal Cheann Locha
- Taighean le goireasan air màl no bistro
- Dà bhothan anns na beanntan aig Diobadal agus Guirdil
- Làrach campachaidh aig oir Loch Screasoirt

4



3  
An Cuiltheann Rumach bhon fhrith-rathad gu Na Hearadh. Gheibhear aon de na cuairtean droma as fheàrr ann an Alba air na beanntan. Dealbh le Iain Mac a' Phearsain/ SNH.

4  
An Talla le Gaileiridhean eireachdail a chuireas fàilte air luchd-tadhail nuair a thèid iad a-steach don chaisteal.

5  
Leis gu bheil luchd-rannsachaidh air a bhith a sgrùdadh nam fiadh ann an Ruma o chionn 30 bliadhna, 's e seo aon de na sgrùdaidhean as fad-shaoghalaiche air an t-saoghal.



5

6



6  
Iolair bhuidhe a'  
tighinn don nead air an  
eilean, le biadh don dà  
isean. Dealbh le Laurie  
Caimbeul/SNH.

7  
Luchd-tadhail a'  
gabhail a' chiad  
cheuma air an  
fhrith-rathad gu Bàgh  
na Hearadh.  
Dealbh le Iain Mac a'  
Phearsain/SNH.

8  
An doras sian-bhuailte  
aig Bothan Diobadail.  
Dealbh le Iain Mac a'  
Phearsain /SNH.

7



8

## Obair os làimh

Dè chaidh a dhèanamh ma-thà?

Chaidh Urras Coimhearsnachd Ruma a chur air bhonn anns a' Ghiblean agus chaidh Ian Leaver, Eigeach a bha roimhe ag obair san Aonad Fearann Coimhearsnachd, fhasadh mar Oibriche Leasachaidh. 'S e dreuchd a mhaireas dà bhliadhna a th' innte, agus i air a co-mhaoineachadh le SNH, lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, agus Comhairle na Gàidhealtachd. Tha còig croitean air an comharrachadh agus a' feitheamh ri aonta. Mar thoradh air poileasaidh ùr a thaobh roinneadh thaighean, thèid daoine aig a bheil droch àiteachan-còmhnaidh a ghluasad do thogalaichean SNH falamh a bhios air an ath-nuadhachadh.

Tha SNH air faisg air còig ceud mìle not a chosg gus solar-uisge an eilein a thoirt suas gu inbhean na Roinne Eòrpa. Tha riochdaire bhon choimhearsnachd a-nis air bòrd an Tèarmainn Nàdair Nàiseanta. Tha roghainnean airson cumhachd ath-nuadhachail air an sònrachadh agus bu chòir aithrisean àrainneachd a bhith deiseil ro dheireadh an t-samhraidh gus crìoch a chur air duilgheadasan eachdraidheil Ruma a thaobh dìth dealain. Thadhail Micheal Ruiseal air an eilean air 6 Òg-mhios, agus an latha roimhe sin chaidh co-labhairt a chumail le eòlaichean bho thir-mòr gus cothrom a thoirt do na h-eileanaich roghainnean taigheadais agus maoinachaidh a sgrùdadh mus ruigeadh iad co-dhùnadh air am prìomh-phlana leasachaidh. Agus mu dheireadh thall, bidh Riaghaltas na h-Alba a' foillseachadh gluasad thairis sealbhachadh fearainn agus taigheadais do dh'Urras Coimhearsnachd Ruma (RCT) – nuair a bhios aontachadh ann a thaobh rianachd, maoinachaidh, agus cunntasachd. An sin bidh RCT, mar a tha a cho-ogha ann an Eige:

- a' riaghladh agus a' gabhail sealbh air na 12 dachaighean a th' ann an Ruma;
- a' stiùireadh riarachadh nan dachaighean sin;
- ag ath-nuadhachadh no a' leagail agus ag ath-thogail an Tattie House trèigte, 's dòcha mar eag-thaigh air màl a bhir teachd-a-steach, le cùl-taic bhon chomann taigheadais agus le luchd-obrach bhon sgìre fhèin;
- a' faighinn an airgid a thig a-steach bho reic fearainn;
- a' dol an urras air sgeamaichean co-roinn seilbh.

Tha e na uallach mòr a bhith a' stiùireadh maoin a bhuineas don choimhearsnachd agus feumar tòrr ùine a chosg air.

## Neo-eisimeileachd air faire

Leigidh an t-atharrachadh seilbh seo leis a' choimhearsnachd modhan-gabhail ùra a chur air dòigh (còmhla ri SNH) airson a' bhaile gu lèir, agus dh'fhaodadh gum bi e nas fhasa leasachaidhean ùra a mhaoinachadh nuair nach bi cùisean fo smachd SNH. 'S dòcha nach còrdadh an inbhe 'neo-cheangailte' ùr seo ris a h-uile duine a tha a' gabhail còmhnaidh ann an Ruma. Tha e na uallach mòr a bhith a' stiùireadh maoin a bhuineas don choimhearsnachd, agus tha feum air tòrr ùine – gu h-àraidh nuair a tha dreuchdan làn-thìde agus teaghlaichean òga aig daoine. B' fheudar don choimhearsnachd am maoin a shealbhaicheas i a chumail suas agus tha sin a' ciallachadh gum b' fheudar don RCT airgead a dhèanamh.

Chan eil 31 neach (a' gabhail a-staigh na cloinne) gu leòr gus Ruma a chumail beò. Ach air an làimh eile, dh'fhaodadh gum faicear luchd-imrich mar fharpaisich airson dhreuchdan agus fearainn. Thèid co-dhùnaidhean, a tha a-nis air an dèanamh air astar, a dhèanamh gu h-ionadail a dh'aithghearr, agus bidh feum aig seo air sgilean eadar-phearsanta air leth, air conaltradh cunbhalach, agus air ìrean àrda de neo-chlaonachd. Mar sin dheth, 's e saothair mhòr a bhios ann, agus feumaidh a' Bhuidheann Gnìomha dòighean ùr-ghnàthach a dhealbhadh gus cùl-taic a thoirt seachad.

Ach 's e na tha romhainn san àm ri teachd an duais a gheibh sinn. Àm nuair a thig piseach air àrainneachd mac an duine agus air an àrainneachd làmh an làimh ri chèile, agus nuair a thig Ruma am fradharc às dèidh dà cheud bliadhna de thostachd gus àite a ghabhail aig teas-mheadhan coimhearsnachd ùraichte nan Eilean Beaga.

